



## **Cnàmh-sgeul 1: Am pàrtaidh**

Air oidhche dh'orch gheamhraidh, tha thu aig pàrtaidh co-là-breith do charaid. Fhuair thu ann còmhla ri ceathrar charaidean, a' mhòr-chuid dhiubh toilichte a bhith an làthair, ach tha aon charaid nas sàmhhaiche nas àbhaist dhaibh a bhith. Tha am pàrtaidh ann an talla a' bhaile faisg air a' chala ionadail. Nas anmoiche san fheasgar, tha thu a' mothachadh gun do dh'fhalbh an caraid mun robh thu a' gabhail uallach, agus mar sin tha thu a' togail ort a-mach gus am faic thu a bheil iad timcheall. Tha thu a' cluinntinn fuaim bho faisg air a' chala agus a' dol sìos gus faighinn a-mach tuilleadh. Tha thu a' faicinn cuideigin a' crathadh timcheall san uisge.



## **Cnàmh-sgeul 2: A' leum far a' chidhe**

Air latha blàth samhraidh, tha thu fhèin agus caraid shìos aig a' chidhe. Tha deannan dhaoine eile ann, nan suidhe aig a' chidhe. Tha duine no dithis air a bhith san uisge. Tha do charaid gad bhrosnachadh a bhith a' leum far a' chidhe; chan eil coltas gu bheil e glè àrd agus tha e ag ràdh gun do rinn e fhèin seo roimhe. Tha cuideigin bho chòmhlán eile ag èigheachd gu bheil e sàbhailte ri leum. Tha thu ann an dà inntinn a chionn 's nach eil thu cinnteach dè tha san uisge agus tha e doirbh a ràdh dè cho domhainn 's a tha e.



### **Cnàmh-sgeul 3: Ball-coise ri taobh na h-aibhne**

Tha e anmoch san fheasgar as t-fhoghar. Tha e a' tòiseachadh air fàs dorch, agus tha thu a' breab ball-coise còmhla ri dithis charaidean ri taobh na h-aibhne. Chan eil solais sràide ann. Tha caraid a' breab a' bhuill agus tha e a' dol air do chùlaibh agus a-steach dhan abhainn. Tha aon de na caraidean agad a' feuchainn ris am ball fhaighinn air ais le bhith a' cleachdadh maide. Ach tha iad a' tuisleachadh agus a' tuiteam a-steach, agus a' dol a-mach à sealladh fon uisge. Nuair a thig iad an uachdar, tha maoin orra agus tha iad a' crathadh timcheall san uisge.



## **Cnàmh-sgeul 4: A' fionnarachadh**

Air latha teth samhraidh, tha thu còmhla ri caraid aig loch san sgìre ionadail. Tha feadhainn eile a' snàmh, ann an deannanan nas fhaide shìos air a' chladach, agus tha deannan theaghlaichean air an tràigh. Tha thu ag iarraidh fionnarachadh, agus mar sin tha thu a' leum a-steach san uisge.

Tha an t-uisge fada nas fhuaire na shaoil thu agus tha do bhodhaig a-nis ann an clisgeadh. 'S e deagh snàmhaiche a th' annad, ach tha thu iomagaineach agus tha e doirbh a bhith a' tarraing d' anail mar as àbhaist. Tha do charaid air an tràigh.